

Diardaoin 28 An t-Ògmhios 2007

## **Gàidhlig aig Cridhe Prògram na Còmhairle**

Tha A' Ghàidhlig gu math nochdte ann am plana-ghnìomh ceithir bliadhna a chaidh fhoillseachadh an-diugh (Diardaoin) le Rianachd Neo-eisimeileach/Nàiseanta Chomhairle na Gàidhealtachd. Cuirear am Prògram fa chomhair na h-ath choinneimh dhen chomhairle air 28 An t-Ògmhios airson a dhaingneachadh.

Tha an Rianachd air Comataidh Ghàidhlig a chur air chois gus an cànan agus an cultur a bhrosnachadh. Tha an Cathraiche, an Comhairliche Hamish Friseal, uabhasach toilichte leis a' phrìomhachas a tha aig a' Ghàidhlig sa Phrògram.

Thuirt e: "Tha amasan mòra ach ciallach aig a' Phrògram agus tha sinn an dùil gun tèid againn air an coileanadh taobh a-staigh nan ceithir bliadhna a tha romhainn. Le bhith ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus compàirtichean eile, bheir sinn taic do leasachadh na Gàidhlig agus a dualchas, maoinichidh sinn foghlam Gàidhlig agus, tro Chomataidh na Gàidhlig, bheir sinn ceannardas poileataigeach is taic do dh'adhartachadh na Gàidhlig."

Tha na h-amasan a leanas aig a' Phrògram:-

- A' cur Plana Cànan airson na Gàidhlig an gnìomh a bhios stèidhte air co-ionannachd spèis eadar Gàidhlig is Beurla, am plana agus adhartas ath-sgrùdadh gach bliadhna ann a bhith ga chur an gnìomh;
- A' cumail a' brosnachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil agus ga leudachadh san àrd-sgoil
- A' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig fo aois na sgoile far a bheil iarraidh ann o phàrantan;
- A' leasachadh sgioba na Gàidhlig, fo stiùireadh neach ann an dreuchd ùir, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig, gus leasachadh na Gàidhlig a cho-òrdanachadh;
- Ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus ionadan Àrd-fhoghlaim gus sùil a thoirt air gainnead luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig;
- A' cumail air adhart le bhith a' cur a' Mheòrachain Aonta eadar a' Chomhairle agus Alba Nuadh an gnìomh gus a bhith cinnnteach gum bi co-obrachadh ann air pròiseactan culturail a bhios nam buannachd dhuinn le chèile;
- Ag obair còmhla ri Sabhal Mor Ostaig – Colaiste Ghàidhlig na h-Alba – gus pròiseactan a leasachadh a bheir taic do dh'amasan na Comhairle airson na Gàidhlig.

-crìoch-